

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

26/5/22, 1000-1300

Teams/Steòrnabhagh

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Mac a' Mhaoilein (sa Chathair) Marion Nic na Ceàrdaich
 Rhoda NicDhòmhnaill

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
 Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
 Donaidh Dhòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
 Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
 Nevil Lee [NL] (Comhairleachaidh Ionmhais) - puingean 13 agus 14
 Eunice McAdam [EM] agus Zarine Manekshaw [ZM] (Saffrey Champness) - puingean
 13-15
 Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Ceit-Anna NicLeòid.

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (24/2/22)

3.1 Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

5. Clàr Riosgan

- 5.1 Bha Clàr Riosgan air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt don Chomataidh gu bheil cunnartan mòra air an comharrachadh agus leasachaidhean (mitigations) air an cur an sàs. Chaidh a mhìneachadh le DC agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 #11 – chaidh mìneachadh a dhèanamh air na diofar rudan a tha a’ tachairt aig an àm seo eadar Lèirmheas chosgaisean Riaghaltas na h-Alba, Plana Nàiseanta na Gàidhlig fo dheasbad, BBC ag ullachadh ro-innleachd ù, Riaghaltas na RA an impis Bile nam Meadhanan a chur air adhart agus Lèirmheas air Cairt a’ BhBC a thòiseachadh, Ofcom airson tarraing a-mach à uallaichean riaghalchais MG ALBA agus Ofcom ag ullachadh modail ùr airson a bhith a’ measadh seirbheisean a’ BhBC.
- 5.3 Chaidh ceist a chuir an robhas ag aithneachadh an diofar eadar bun-mhaoineachadh (core funding) agus maoineachadh phròiseactan (project funding) agus chaidh bruidhinn mu dheidhinn ciamar a b’ urrainn maoineachadh phròiseactan le compàirtichean a chur air stèidh nas seasmhach tro aontaidhean ro-innleachdail, leithid Meòrachain Còrdaidh (MoU).
- 5.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

6. Miann Riosg

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ moladh ùrachadh a dhèanamh air miann riosg a’ Bhùird, air a threòrachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh agus air a lìbhrigeadh le eòlaiche bhon taobh a-muigh agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.2 Chaidh a mhìneachadh gu robh feum air riosg a cheangal ris a’ Bhuidheann Corporra Riosg agus tro na buidhnean in-thaigh air fad.
- 6.3 Bha aithne ann gu bheil cunnart nàdarrach ann a bhith a’ coimhead ri Riosg ann an dòigh neagataibh agus gum bu chòir na cothroman fhaicinn. Chaidh moladh Miann a’ Bhùird bho 2018 atharrachadh gu: *“We are a responsible, risk **and opportunity** aware, outward-looking media organisation, ambitious for the sustainability of the Gaelic language & culture”* gus sealltainn gu bheileas ag aithneachadh gu bheil riosg agus cothrom ann, leithid na chuir sinn romhainn fhèin san Lèirsinn.
- 6.4 Bha aithne ann gu bheil cunnart nàdarrach ann gun a bhith a’ leughadh a’ phàipeir a tha a’ cur na 3 riosgan as motha am follais agus a bhith a’ leum gu Clàr nan Riosgan, seach a bhith a’ breithneachadh air an fheadhainn as cudromaiche. Chaidh a ràdh gum biodh e feumail ath-chruthachadh a dhèanamh air a’ chlàr agus a’ phàipear gus a dhèanamh furasta fòcas a chur air na trì riosgan as motha.

- 6.5 Chaidh bruidhinn mu measgachadh eadar riosgan obrachaidh (operational, airson luchd obrach) agus riosgan ro-innleachdail (strategic, airson a' Bhùird), agus am b' urrainn sin a dhèanamh nas soilleire.
- 6.6 **Co-dhùnadh:** 1) bidh barrachd fòcas air Riosg aig an ath choinneimh; 2) às dèidh sin, thèid seisean Miann Riosg a chur air dòigh airson buill uile le stiùir na Comataidh agus le cuideigin bhon taobh a-muigh ga threòrachadh; agus bidh adhartas air a dhèanamh air chiad agus dàrna loidhne dìon na buidhne mar a tha air a chur a-mach ann an clàr-obrach na Comataidh.
- 6.7 **Gnìomh:** Thèid seisean Miann Riosg a chur air dòigh san Dàmhair (**MAMI**)

7. Dìon-saidhbear

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh mar a thathas a' làimhseachadh an Riosg a rèir an dreach Mapa Dearbhaidh, aig ìrean loidhnichean dìon 1, 2 agus 3 agus thug EMD iomradh air.
- 7.2 Chaidh innse gum bi seo air gach clàr den Sgioba Àrd-stiùiridh agus gum bi gnothaichean co-cheangailte ris an taobh a-muigh (external element) nas soilleir sna seachdainean air thoiseachd.
- 7.3 Chaidh innse gum bi seo na phàirt den Phlana Leantainneach Gnothaich.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche gu robh cùisean gan làimhseachadh gu h-ìomchaidh.
- 7.5 **Gnìomh:** thig pàipear chun ath choinneamh den Chomataidh (**EMD**)

8. Pasgan Cunntasachd Q4 2021-22

- 8.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall agus rinn SMD iomradh air.
- 8.2 Chaidh innse gun do phut Covid cùisean air ais 3-6 mìosan ach gu robhas an dùil a bhith air ais san dòigh àbhaisteach as t-Samhradh. Bha aithne ann gum biodh àrdachadh ann an cosgaisean riochdachaidh na rud aig deireadh na bliadhna ionmhais.
- 8.3 Chaidh ceist a chuir a thaobh cosgais gas na buidhne. Chaidh innse gu bheil an suidheachadh air a chur ceart airson an latha an diugh, gu bheil comhairle laghail a' toirt comhfhurtachd mu bhliadhnaichean ron an seo agus gu robh an suim a bha sna cunntasan iomchaidh, ged a bhiodh beachd aig an luchd-sgrùdaidh 's dòcha gu robh cus air a chur gu taobh. Dheigheadh sin a thogail na fhaide air adhart fo phuing 14.
- 8.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche.

9. KPIs/Dashboard

- 9.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 9.2 Bha aithne ann gu robh àireamhan an iPlayer a' dol an aghaidh an t-sruith ann an co-theacs a seirbheisean *streaming*.
- 9.3 Bha ceist ann an robh na targaidean ciallach.
- 9.4 Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an sgioba le àrdachadh ann an ìre toileachais, meadhanan sòisealta agus airgead bhon taobh a-muigh ann am bliadhna dhùbhlanach far a bheil lùghdachadh ann an àireamhan TBh san fharsaingeachd.
- 9.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 9.6 **Gnìomh:** thèid a' chiad 10 KPlan air beulaibh a' Bhùird. (DMD)

10. Riaghlachas na Comataidh

- 10.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun phàipear, le Aithisg Bhliadhnail na Comataidh agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2021/22 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2022/23 air beulaibh bhall.
- 10.2 Às dèidh còmhradh a chumail, bha aithne ann gur e an rud as cudromaiche an robhas a' làimhseachadh gnothaichean na Comataidh agus a' toirt prìomhachas do na rudan iomchaidh, seach na h-àireamhan a bhathas a' toirt seachad san Fèin-mheasadh.
- 10.3 Thèid an tuilleadh ùine a thoirt don phlana-obrach aig gach coinneamh bho seo a-mach, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Chomataidh a' dèiligeadh ri gach nì agus a' freagairt air nithean a thig am bàrr. Cuidichidh am frèama-obrach dearbhaidh le seo.
- 10.4 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich buill ri susbaint a' phàipeir.
- 10.5 **Gnìomh:** 1) thèid a' Chlàr-obrach air clàr gach coinneamh agus 2) thèid am pàipear air adhart chun bhùird aig coinneamh air 16/6/22. (MAMI)

11. Frèama-obrach Dearbhaidh

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' dèiligeadh ri laigsean dearbhaidh a chaidh aithneachadh aig a' choinneamh mu dheireadh agus a' dealbhachadh slighe air adhart airson 1) leasachadh siostaman; 2) leasachadh Frèam-obrach Dearbhaidh; agus 3) daoine agus sgilean air a bheil am buidheann feumach gus dearbhadh làidir a thoirt seachad agus bhruidhinn DC mu dheidhinn.
- 11.2 Bha aithne ann gu bheileas ann am àm atharrachaidh ach gun deach aithneachadh a dhèanamh air na laigsean a fhuair an-uiridh agus gu bheil gnothaichean air an cuir an àite, no ann am pròiseas an cuir an àite, gus dèiligeadh riutha.

- 11.3 Thuirt DC gur robh siostaman na buidhne feumach air an toirt air adhart, le aithne ann gun toireadh am pròiseas seo 6-9 mìosan a thoirt air adhart.
- 11.4 Le aithne gu robh an Sgioba Àrd-stiùiridh a' coimhead ri fàs na buidhne, b' e faireachdainn na Comataidh gum bi diofar fheuman aig diofar amannan gus na ceistean mòra a fhreagairt.
- 11.5 Bha aithne ann gu robh feum nas soilleir air cunntalachd taobh a-staigh na buidhne, a' dèanamh cinnteach gu bheil sin agus uallaichean diofar dhaoine san roinn ionmhais aig na h-ìrean iomchaidh.
- 11.6 Bha Cathraiche na Comataidh riarachtaichte gu bheileas air slighe agus nach robh e comasach a h-uile ceist a fhreagairt aig an àm seo ach le barantas bhon Sgioba Àrd-stiùiridh gun toir iad fianais chun Chomataidh gu bheil cùisean gan làimhseachadh.
- 11.7 Bha aithne ann gu robh iomadh taobh air a' cheist a thaobh a bhith a' fastadh Stiùiriche Ionmhais – càite bheil còmhraidhean leis a' BhBC a' dol, dè seòrsa obair a bhios aig a' bhuidheann sna bliadhnaichean air thoiseach agus dè seòrsa làrach (campus) a bhios aig a' bhuidheann. Às aonais leithid de dhreuchd, bu chòir dùil a bhith ann gum biodh a' Chomataidh gu math ceasnachail a thaobh ìrean dearbhaidh ionmhasail na buidhne. Cha robh sin fhèin ri ràdh gum bu chòir Stiùiriche Ionmhais a bhith ann, dìreach gum biodh cion na dreuchd a' toirt buaidh air an ìre de chuideam a chuireadh a' Chomataidh air ceistean ionmhasail a thuiteadh gu nàdarra a' tuiteam air Stiùiriche Ionmhasail agus nach ann bhon Àrd-Oifigear a shùileachadh a' Chomataidh a thigeadh an dearbhadh sin.
- 11.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte gu robhas air slighe agus gu robh e ro thràth airson a bhith a' co-dhùnadh mu bhith fastadh Stiùiriche Ionmhais aig an àm seo ach le aithne nam biodh goireasan/daoine a dhìth, gun tig fios chun Chomataidh.
- 11.9 **Gnìomh:** 1) gun tèid a' Chomataidh a cumail fiosraichte eadar choinneamhan air dad sam bith a tha a' gluasad; 2) tillidh an cuspair seo chun na h-ath Chomataidh, le feum air fianais gu bheil gnothaichean gan leasachadh eadar choinneamhan na Comataidh; 2) thèid pàipear chun Bhùird a' mìneachadh an t-suidheachaidh. (DC)

12. HR

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall airson fiosrachadh iomchaidh a thoirt don Chomataidh gus dearbhadh a thoirt do Bhuill air cùisean luchd-obrach is cosnaidh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2022.
- 12.2 Bha aithne ann gu cumar a' dol a' feuchainn ri barrachd iomadachd a thrusadh nuair a thathas a' fastadh luchd-obrach gus cuideachadh le pàigheadh ghnèithean.

12.3 Chaidh meal-a-naidheachd a thoirt seachad air an obair mhòr a bha a’ dol le diofar bhuidhnean taobh a-staigh na buidhne. Dh’iarr a’ Chomataidh an tuilleadh soilleireachadh air ciamar a tha a h-uile pàirt den sin a’ tighinn còmhla, le structar, sruthan fiosrachaidh agus cunntalachdan, le fios air ciamar a tha nithean a’ sruthadh bho bhuidhnean chun Sgioba Àrd-stiùiridh, gu Chomataidhean agus an uair sin chun Bhùird. Agus cuideachd mar a tha na nithean seo a’ fighe a-steach do obair làitheil na buidhne.

12.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

13. Cunntasan Reachdail 2021/22

13.1 Bhruidhinn NL mu na cunntasan a bh’ air beulaibh bhall, le taing dha bhuileachadh air luchd-obrach son an taic.

13.2 Chaidh innse gu bheil cùisean mar bu chòir ach nam biodh atharrachaidhean susbainteach a’ tighinn am bàrr gun deigheadh fiosrachadh a chumail ris a’ Chomataidh.

13.3 Bha EM riarachta le na cunntasan.

13.4 **Co-dhùnadh**: mhol a’ Chomataidh na cunntasan chun bhùird.

13.5 **Gnìomh**: thèid na cunntasan an cuir air beulaibh a’ bhùird air 16/6/22 airson aonta. **(MAMI)**

14. Aithisg an Luchd-sgrùdaidh chun Chomataidh

14.1 Bha pàipear agus aithisg air beulaibh bhall agus thug an neach-sgrùdaidh iomradh air.

14.2 Chaidh innse gun deach am pròiseas sgrùdaidh gu math rèidh. Bha an luchd-sgrùdaidh toilichte leis na h-àireamhan agus gun robh iad a’ riochdachadh sealladh fìor is cothromach de staid MG ALBA aig 31 Màrt 2022.

14.3 Chaidh an neach-sgrùdaidh tro aithisg an luchd-sgrùdaidh a’ tarraing ar diofar phuingean anns an aithisg. San fharsaingeachd chaidh a h-uile càil mar bu chòir agus cha deach draghan sam bith a thogail.

14.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

14.5 **Gnìomh**: thèid am pàipear air beulaibh a’ bhùird air 16/6/22. **(SMD)**

15 Aithisg Bhliadhnail MG ALBA 2021/22

15.1 Bha pàipear agus teacsa na h-aithisg air beulaibh bhall.

15.2 **Co-dhùnadh**: Bha buill riarachta.

15.3 **Gnìomh**: thèid a chuariteachadh air na buill air fad agus an uair sin thèid e air beulaibh a’ Bhùird airson aonta air 16/6/22.

16 Fiosrachadh Foillseachaidh Bhuidhnean Poblach

16.1 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

16.2 **Gnìomh:** thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. **(MAMI)**

17. GISBE

Cha robh gin.

18. Deit na h-ath choinneimh – 15/9/22

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: